

Measaidhean Trì-Mionaidean Thidsearan

Seo trì measaidhean goirid a dh'fhaodas tidsearan a choileanadh le pàistean fa leth. Tha na trì eileamaidean uile gu mòr ro-innseach air sgilean litearrachd san àm ri teachd a rèir suirbhidh an rannsachaidh. Bheir iad mu 10 mionaidean uile gu lèir.

Fuaimneachadh Litrichean

Faodaidh an duilleag co-cheangailte “Measadh Fuaimneachadh Litrichean” a bhith air a clò-bhualadh. Tha na litrichean uile air an duilleig agus iad clò-bhuailte ann an òrdugh tuairmseach. Seall an duilleag don phàiste (is dòcha gum bi thu airson an duilleag uile ach a' chiad loidhne a chòmhdach, no dh'fhaodadh am pàiste a bhith air a dhi-mhisneachadh).

Minich don phàiste gu bheil thu airson iad rudeigin a dhèanamh agus nach eil thu a' dol gan cuideachadh. Faighnich don phàiste “Dè am fuaim a tha an litir seo a' dèanamh?” airson gach aon. Comharraich an litir aig an aon àm. Uaireannan, bheir am pàiste dhut ainm na litreach an àite sin - abair “Tha sin math, ach 's e ainm litir às an aibidil a tha sin. An urrainn dhut innse dhomh dè am **fuaim** a tha an litir a' dèanamh?”

Feuch nach toir thu cuideachadh sam bith don phàiste tron dòigh-labhairt agad, eadar gu bheil iad ceart no ceàrr. Thoir moladh dhaibh airson an oidhirp, chan ann airson a bhith ceart. Na gabh ach ri dàrna tomhais luath air litir – gluais air adhart ann an dòigh ghnòthaicheil gus nach bi cus ùine aig pàiste air meòrachadh air aon litir.

Stad don mheasadh an dèidh don phàiste a bhith eu-comasach air ochd nithean às dèidh a chèile a chomharrachadh (chan eil feum sam bith air toirt air clann leantainn air adhart ma tha iad a' strì chun na h-ìre seo). Na clàraich coileanadh a' phàiste a' cleachdadh tiogan agus croisean, oir chì am pàiste seo agus dh'fhaodadh iad fàs iomagaineach. Cleachd comharran eile leithid O airson ceart agus I airson mì-cheart. Dh'fhaodadh gum bi thu airson seo a dhèanamh air lethbhreac eile den phàipear a tha thu air a chlà-bhualadh.

Ma tha duilgheadas mòr aig a' chloinn leis a' mheasadh, feuch ri tuairmse a thoirt dhaibh. Seall dhaibh aon loidhne de litrichean agus abair, “An urrainn dhut an litir a lorg a tha a' dèanamh fuaim X (sampall de litir)?” Fiù ged a gheibheadh iad seo ceart, na toir sgòr O no I dhaibh. Feumaidh tu treas samhla a chleachdadh – 's dòcha □.

Aithneachadh Fhacail

Faodaidh an duilleag co-cheangailte “Measadh Aithneachadh Fhacail” a bhith air a clò-bhualadh. Tha 30 facal àrd-thricead air an duilleig agus iad clò-bhuailte ann an òrdugh tuairmseach. Seall an duilleag don phàiste ('s dòcha gum bi thu airson an duilleag uile ach a' chiad loidhne a chòmhdach, no dh'fhaodadh am pàiste a bhith air a dhi-mhisneachadh).

Minich don phàiste gu bheil thu airson iad rudeigin a dhèanamh agus nach eil thu a' dol gan cuideachadh, ach an toiseach seallaidh tu dhaibh dè tha thu airson iad a dhèanamh. Coimhead ris an fhacal 'mo' air a thaisbeanadh agus abair a-mach e san dòigh cheart. Minich don phàiste gu bheil thu airson iad an aon rud a dhèanamh airson seo agus facail eile cuideachd. Comharraich am facal taisbeanaidh agus iarr air a' phàiste am facal a ràdh. An uair sin comharraich a' chiad fhacal sa mheasadh agus iarr air a' phàiste a ràdh.

Feuch nach toir thu tuairmsean sam bith don phàiste tron dòigh-labhairt agad eadar gu bheil iad ceart no ceàrr. Dèan moladh orra airson an oidhirp, chan ann airson a bhith ceart. Na gabh ach dàrna tomhais luath air facal - gluais air adhart ann an dòigh ghnothaicheil gus nach bi cus ùine aig pàiste air meòrachadh air aon litir.

Stad don mheasadh an dèidh don phàiste a bhith eu-comasach air ochd nithean às dèidh a chèile a chomharrachadh (chan eil feum sam bith air toirt air clann leantainn air adhart ma tha iad a' strì chun na h-ìre seo).

Na clàraich coileanadh a' phàiste a' cleachdadh tiogan agus croisean, oir chì am pàiste seo agus dh'fhaodadh iad fàs iomagaineach. Cleachd comharran eile leithid O airson ceart agus I airson mì-cheart. Dh'fhaodadh gum bi thu airson seo a dhèanamh air lethbhreac eile den phàipear a tha thu air a chlà-bhualadh.

Ma tha duilgheadas mòr aig a' chloinn leis a' mheasadh, feuch ri tuairmse a thoirt dhaibh. Seall dhaibh aon loidhne de litrichean agus abair, “An urrainn dhut an litir a lorg a tha a' dèanamh fuaim X (sampall de litir)?” Fiù ged a gheibheadh iad seo ceart, na toir sgòr O no I dhaibh. Feumaidh tu treas samhla a chleachdadh – 's dòcha □.

Cuimhnich nach eil thu ach a' measadh aithneachadh fhacail an seo, mar sin na faighnich don chloinn dè tha am facal a' ciallachadh – bhiodh seo na mheasadh air tuigse.

Coimeasgadh Foinèimeach

Faodaidh an duilleag co-cheangailte “Measadh Coimeasgadh Foinèimeach” a bhith air a chlà-bhualadh. Tha 30 facal àrd-thricead riaghailteach gu foneòlasach air an duilleig agus iad clò-bhuailte ann an òrdugh tuairmseach. Seall an duilleag don phàiste ('s dòcha gum bi thu airson an duilleag uile ach a' chiad loidhne a chòmhdach, no dh'fhaodadh am pàiste a bhith air a dhi-mhisneachadh).

Minich don phàiste gu bheil thu airson iad rudeigin a dhèanamh agus nach eil thu a' dol gan cuideachadh, ach an toiseach seallaidh tu dhaibh dè tha thu airson iad a dhèanamh. Coimhead ris an fhacal taisbeanaidh (c-a-t) agus fuaimnich a-mach c, a agus t fa leth. An uair sin seall don phàiste an coimeasgadh còmhla – an toiseach ca, an uair sin cat. Minich don phàiste gu bheil thu airson iad an aon rud a dhèanamh airson seo agus facail eile cuideachd. Comharraich am facal taisbeanaidh agus iarr air a' phàiste am facal a ràdh. An uair sin comharraich a' chiad fhacal sa mheasadh agus iarr air a' phàiste a ràdh.

Feuch nach toir thu tuairmsean sam bith don phàiste tron dòigh-labhairt agad eadar gu bheil iad ceart no ceàrr. Dèan moladh orra airson an oidhirp, chan ann airson a bhith ceart. Na gabh ach dàrna tomhais luath air facal - gluais air adhart ann an dòigh ghnothaicheil gus nach bi cus ùine aig pàiste air meòrachadh air aon litir.

Stad don mheasadh an dèidh don phàiste a bhith eu-comasach air ochd nithean às dèidh a chèile a chomharrachadh (chan eil feum sam bith air toirt air clann leantainn air adhart ma tha iad a' strì chun na h-ìre seo). Na clàraich coileanadh a' phàiste a' cleachdadh tiogan agus croisean, oir chì am pàiste seo agus dh'fhaodadh iad fàs iomagaineach. Cleachd comharran eile leithid O airson ceart agus I airson mì-cheart. Dh'fhaodadh gum bi thu airson seo a dhèanamh air lethbhreac eile den phàipear a tha thu air a chlà-bhualadh.

Dh'fhaodadh gum bi feum agad air treasaibh samhla airson freagairtean a tha ceart ann am pàirt – 's dòcha ☐.

Cuimhnich gu bheil thu dìreach a' sgrùdadh coimeasgadh an seo, mar sin na faighnich don chloinn dè tha na facail a' ciallachadh – bhiodh seo na mheasadh air tuigse.

Measadh Fuaimneachadh Litrichean

<i>e</i>	<i>a</i>	<i>r</i>	<i>g</i>
<i>b</i>	<i>n</i>	<i>à</i>	<i>c</i>
<i>t</i>	<i>u</i>	<i>è</i>	<i>s</i>
<i>l</i>	<i>i</i>	<i>o</i>	<i>f</i>
<i>ù</i>	<i>m</i>	<i>d</i>	<i>ì</i>

h

ò

p

Measadh Aithneachadh Fhacail

Taisbeanadh: mo

seo

math

tha

an

sgoil

do

mi

i

glè

thu

bha

cluich

mo

e

iad

bho

gu

aig

air

beag

mòr

agus

mhath

an

math ann na càite

anns 's e

Measadh Coimeasgadh Foneòlasach

Taisbeanadh: cat

às gu am gun

ùr ìm cù cas

las càr muc far

fon ban fan cus

bus cùm lus rùm

mar cìr iar goc

gar

ach

gum

bhan

chun

bhon

dhan